

APS. 2. 91. 29

Focal Comhairle do  
Mhuinntir Bhoich na  
Gaeltachd.







# FOCAL COMHAIRLE

DO

## MHUINNTIR BHOCHD NA GAELTACHD

MU'N

GHORT O'M BHEIL IAD A FULANG AIR A BHLIADHNA SO.

LE G. CLEIREACH,

MINISTEAR CHILLEMHAILLIBH, ROIMHÉ SO MINISTEAR ARDNAMURCHAN.

"Feuch, *tha* sùil an Tighearn orra-san d'an eagal e; orra-san a chuireas an dòchas 'na thròc-air; Clum an anam a theasalginn o'n bhàs, agus an cumail beò anns a' ghorta."—Salm, xxxiii, 18, 19.

"Do ghlaodh am bochd, is dh'èisd ris Dia,  
Is dh'fhuasgail as gach truaigh."—Salm xxxiv, 5.

"Gun bhí leasg ann an gnothuichibh: dùrachdach 'nur spiorad; a' deanamh seirbhís do'n Tighearn: a' deanamh gairdeachais an dòchas: foighidneach an trioblaid; maireannach ann an t-ruigh."—Rom. xli, 11, 12.

Mo chàirdean ionmhuinn, tha mi los focal no dhà a sgrìobhadh do ur n' ionnsuidh mu thiomchìoll na geur ghort a thainig air ar dùthaich am bliadhna, agus gu cinnteach is urrainn mi a ràdhuinn le fìrinn gur ann le rùn cridhe airsen ur maith aimsireil, agus spieradail a chur air aghaidh a tha mi a glacadh a phinn a'm làimh. Gu'n robh an Tì uile-ghlic ga 'm sheòladhsa, agus ga'r teagasgsa. Tha 'n galar iengantach a thug uiread de'r teachd-an-tir uaibhse an deigh cearnachan eile de 'n t-shaoghal a lomadh co maith ri'r dùthaichne. Feadh na h-Eirionn agus ann an America tha o an déigh am Buntàta gu inbhe bhig a dhìtheachadh. Agus dh'fhartluich e gu buileach air na daoine is fèghluimte a dheanamh amach ciod bu mhàthair aebhair de 'n ghalair so; agus dh'fhartluich e gu tur orra aon leigheas fhaghuinn air a shon. Ma bha làmh an Tighearna soilleir riamh ann an dùthaich a smachdachadh tha i gu cinnteach seilleir anns an smachdachadh a thainig air ar dùthaich so, agus air dùthelannan eile aig an am: agns is ann ris féin—ris-san a tha a leòn, agus a leigheas—ris-san a tha tilgeadh sìes, agus a tegail suas—ris-san a tha amhain na chebhair an am na h-aire agus na teanntachd is còir dhuinn air tùs tionndadh, agus sealltuinn.

Ceadaichibh dhomh, mata, anns an uile chàirdeas a bhì cemharrachadh amach dhuibh nì no dhà a thaobh ur dheasnais san t-shuidheachadh 's am bheil sibh

I. A thaobh Dhé;

II. A thaobh càch a chéile;

III. De'r taobh fein, agus ur teaghlaichibh.

I. (1.) Buinidh dhuibh a thoirt faineas agus àideachadh air tùs gur e Dia a thug a ghainne so air ur dùthaich, gur e a tha da rìreadh a riaghladh air thalamh, ce maith agus air neamh—a toirt air an fhonn a theradh a ghiulan no a dhiùltadh a reir comhairle a dheagh theile féin. Cha'n eil daeine am bitheantas a' toirt se faineas. 'Sa 'n am a chaidh seachad anns an robh agaibh bliadhna an déigh bliadhna bàrr pailt, agus brìghmher, nach robh glé bheag toirt-faineas agaibh gur e Dia a thug dhuibh e? Bha sibh a smuaineachadh mu'n talamh a bhì air a dheagh ghiullachd; mu'n t-shìol a bhì fallain; mu'n t-shìd a bhì freagarrach; màrt agus feghar a bhì réir ur n' àilghios; agus cha robh smuaint, no cuimhne gur e Dia a bha crùnadh na bliadhna le mhaitheas, no taing air a tabhairt dha airson a thròcair. Ach, a nis, an uair

a chì sibh fonn, agus fras, agus sìd mar a b' àbhaist; agus gidheadh ur dailean gun phòr, gun bhrìgh, gun mhaith, 'ur saothair air a caitheadh air nì nach aran, agus 'ur neart air nì nach sàs-uich, feumaidh sibh fhaicinn agus a thoirt fainear gur faoin, da rìreadh, esan a their gu'n tig e gu crìch an uair nach d' àithn an Tighearna, (Tuir. iii. 37.) Chì sibh ged a pblannduicheas sibhse gur e Dia amhàin a bheir seachad am fàs; agus gu 'm bheil sibh gu buileach na làmhaibh a thaobh nithibh aimsireil, co maith agus nithibh spioradail.

A nis na 'm bitheamaid mar so ag aideachadh Dhé ann ar n' uile shlighibh, ga'r n' earbsa fein gu buileach ris, agus ag iarraidh a bheannachd, bhithheadh e a chum àrd bhànnachd dhuinn.—Tha e gu cinnteach dleasnach dhuinn aideachadh mar so, agus a ghlòir is cubhaidh a thoirt do aium. Feuchaibh mata an dean sibh so an uair a tha e ga nochdadh fein co soilleir duibh.

(2.) Bu chòir dhuibh fhìorsrachadh do Dhia carson a tha e mar so gur smachdachadh, agus gu cinnteach geilleachduinn da thoil—iarraidh gu'n robh uile chomhairle a thoile air a coimh-lionadh do'r taobh. A nis tha e ro dhearbhta gur e ar peacuidhean a tha tarraing oirn gach aon truaighe aimsireil, no spioradail a tha sinn a fulang. "Is ann airson aingidheachd, gun teagamh air bith, a tha 'm fearann a caoidh." Tha e an-dàna a ràdhuinn ciod e a cheart pheacadh a las corruich an Tighearna n'ar n' aghaidh aig an am; ged a tha feadhain ann a bhruidhneas uime so co ladurna 's ged a bhithheadh iad uile-fhiosrach.

An àite sibh a bhì mar so a cur na coire air daoine eile, ghuidhinn oirbh gach aon agaibh a bhì ga cheasnachadh fein, agus a smuain-cachadh air a pheacuidhibh fein. Leanaibh eisiomplair dheis-ciobull an Tighearna mar a chì sibh, Mata xxvi. 21, 22. An uair a dh'innis e dhoibh gu'n robh fear dhiubl a bhrathadh e, thubhairt gach aon diubh, "Am mise e a Thighearna?" Tha mòran nithean sa 'm bheil gach aon aguinn ciontach. Theagamh gu 'm bheil feadhain de na peacuidhibh a tha 'm fàidh ag ainm-eachadh, (Hosea, iv. 1, 2,) anns nach eil sibh coireach, ach tha feadhain anns am bheil sibh gu cinnteach ciontach. "Tha," deir esan, "comh-stri aig an Tighearna ri luchd àiteachaidh na tìre, a chionn nach eil fìrinn, no trècair, no eòlas Dhe anns an fhèarann, Le mionnaibh, agus bréugaibh, agus marbhadh, agus goid, agus deanamh adhaltranais bhris iad amach." Tha feadhain de na peacuidhibh so ri agairt oirbh: agus gu cinnteach tha mi-thaing-ealachd do Dhia—tha dì-chuimhn air—tha mi dhiadhachd, agus saoghaltachd ri 'n agairt air gach aon aguinn.—Gun teagamh air bith tha ann an saoghaltachd peacadh a tha trom ann fein, agus màthair-aobhair mìltean de pheacuidhibh eile—cadhoin gu 'm bheil daoine ach beag tur dhi-chuimhneach air Dia, agus gu 'm bheil an smuaintean, 's an aignidhean a ruith 'o mhoch gu anamoch—'o Luain gu Dombnach air an t-shaoghal, agus air a theachdantir—gu 'm bheil iad a deanamh dia de 'n t-shaoghal—a toirt an gràidh dha—a cur an ùgh ann, agus ag iarraidh an sonais uaithe. Tha a' srùthadh uaithe so as-creideamh, briseadh Sàbaid, dearmad air ùrnuigh, air focal, agus air seirbhis Dhe gu léir, maille ri sannt a tha trèrachadh gu eucoir, carachd, bréugaibh, agus gach nì tha suarrach agus tàireil.

Ceasnaichibh sibh fein a thaobh na 'n nithibh so—a thaobh gach peacuidh—aidichibh iad ann an làthair Dhé, agus irislichibh sibh fein air an son. Bithibh ga 'n aideachadh, agus a caoidh air

an son gach teaghlach air leth, agus gach neach air leth, mar a chì sibh air a chur an géill, (Sechar. xii. 10—14,) a bhith eas iad-san air an doirt car spiorad nan gràs, agus nan ath-chuingean. Tha Dia ag ràdh, (Hosea. v. 15,) gu 'm folaich se o fein 'o shluagh gus an aidich iad an cionta—agus tha e ag àithneadh dhoibh anns gach càs iad fein irisleachadh fo làimh chumhachdaich san, a chum as gu'n àrdaich e iad ann an am ionchuidh. (1 Pead. v. 6.)

Se ar peacuidhean a bhrosnaich an Tighearna na 'r n' aghaidh gun teagamh, ach tha aobhar taing agus molaidh aguinn dhàsan a tha gràsmhor, a chionn an uair a tha e ga'r smachdachadh nach ann a chum ar sgrios, ach a chum ar tearnadh a tha e ga dheanamh so, gur ann an gràdh a tha e ga'r fiosrachadh leis an t-shlaid—eadhoin gu maith siorruidh a dhèanamh dhuinn. So firinn nach oil e furasda dhuinn a ghabhail a stigh an uair a tha sinn a searg as le bochduinn,—air ar cràdh le tìneas, no air ar cromadh sìos le doilghios, agus le bròn,—ach is firinn i a tha air a cur an céill dhinn gu ro shoilleir, 's gu ro mhiùic ann am focal Dhe, agus a tha na h-ìoc-shlainnt, na taic, agus na stéigh do 'n fhuir Chriosduidh anns gach càs.—Faicibh Eabh. xii. 5—11; agus gur h-àraid an 10mh rann a tha 'ag ràdh dhuinn gu 'm bheil Dia ga'r "smachdachadh a chum ar leas—a chum 's gu'm bitheamaid 'na'r luchd co-pairt de *naomhachd*.' Is bitheanta a tha an ni ceudua air innseadh dhuibh an earrauraibh oile,—faicibh Job v. 17, 18; Salm xciv. 12; Gnath. iii. 12; 2 Cor. iv 16—18; Escoc. xx. 37; Hosea ii. 6—14; Isa. xxvi. 9. A nis càraibh so ri 'r cridheach-aibh tha mì guidhe oirbh. Ma smaoinicheas sibh air a chuis tuigidh sibh gu 'm bheil triobluid, agus deuchainn feumail dhuibh, agus freagarrach air son ur maith a chur air aghaidh. Tha ur n' ùigh anns an t-shaoghal. Tha sibh mar chlan amaideach a sìor lean-mhuinn dhiomhanas gun stà. Ma leanas sibh air a so bithidh sibh an ùine ghoirid, da rìoadh, falamh, agus bochd—seadh bithidh sibh dòrninncach agus truagh—sgrioste rè linn na 'n linntean.

Na'm faicidh aon agaibh a dhuine cloinne féin a dol air aghaidh ann am faoinis, agus ann an droch-bheairt nach sgiursadh sibh e an uair a dhultadh e eisdeachd ri comhairle, agus ri àithne? nach sìor sgiursadh sibh e gus an tigeadh e gu gliocas, agus gu gnàthachadh ceart? Mar so tha Dia a deanamh ruibhse aig an am,—tha e a toirt 'uaibh an ni a bha ga'ar mcalladh—tha e g'ur peanasachadh airson ur n' easumhlachd. Tha e a dearbhadh dhuibh nach toir an saoghal sonas dhuibh, agus tha e a tairgsinn dhuibh an t-sonais sin a tha ri fhaotainn na ghràdh, agus na shoirbh is féin. Tha e g'ur smachdachadh a chum nr dealachaidh bho 'r peacuidhibh, a chum ur *naomhachadh*. Agus ma bhacachdaicheas sibh air fhìrinn fein creididh sibh so, agus ni sibh gàirdeachas ann. Tha e ga innseadh dhuibh, seadh tha e ga chur an céill dhuibh gur ann airson ur naomhachaidh a dh' fhuiling Criosd am bàs, agus a tha sdinradh an t-shaoghail gu léir co maith ri frith-ealadh rioghachd na 'n gràs air a ghiulan air aghaidh, Colos. i 21, 22; 1 Tessal. iv 3. Thugaibh so fainear—càraibh 'rìr cridh-cachaibh e; agus cha'n fhaunaich sibh fo smachdachaibh an Tighearna—cha toir sibh sibh féin a suas do cu-dochas, god a tha cùisean air tighinn n' ur n' aghaidh càr tamuill; ach ann an suaimhneas, agus ann an dochas sealbhaichidh sibh ur n' anama. Bithidh sibh strìochdta, agus eadhoin misneachail fo ur deuchainnibh gu léir.

Agus ma'se mar so nr naomhachadh a tha Dia ag iarraidh a

chur air aghaidh, ciod e ur dleasnas agus ur gliocas-sa? Tha gu cinnteach ur peacuidhean a threigsinn agus a bhi “coimhionadh naomhachd ann an eagal an Tighearna.” Is ann mar so a gheibh sibh saorsa an t-shlat smachdachaidh—mar so a gheibh sibh buannachd no sonas air bith.

Tha daoine ro ealamh aig a leithid so do am—an uair a tha finne no dùthaich mar chòmhladh a fulang bho smachdachadh an Tighearna gu ràdhuinn, “Se peacuidhean na rioghachd no na h-Eaglais is coireach ris; agus bu chòir do 'n rioghachd, no do 'n Eaglais sud no so a dheanamh,” an uair nach eil guth aca air atharrachadh, no ath leasachadh na 'n caithe-beatha féin. A nis nach e so an amaideachd? co dhe a tha 'n rioghachd air a deanadh a suas ach de na *daoine fa leth* a tha gabhail comhnuidh innte? No ciod i an Eaglais ach na *daoine fa leth* a tha 'n co-chomunn rithe? Agus ciamar a tha rioghachd no Eaglais ri bhi naomh, ach leis na daoine fa leth a bhuineas dhoibh a bhi gluasad gach aon diu gu stuama, cothromaeh agus diadhaidh? Toisichibh gach aon aguibh, mata, mar gu 'm bithcadh a chuis so uile an earbsa ris féin,—gach aon mar gu 'm b' esan an duine a thug am breithoanas so air an dùthaich, agus mar gu 'm bo ath-leasachadh-san a bha ri thogail air falbh—gach aon le faireachduinn gu 'm bheil a chor siorruidh féin gu buileach an earbsa ri a ghnàthachadh, ni gu cinnteach a tha. Toisicheadh gach aon agaibh—gach fear, agus bean—gach gille agus nighean air cùl a chur ri 'r n' aingidheachd—ri sannt agus saoghaltachd—ri carachd agus eu-coir—ri fuath, agus farmad—ri feirg, agus naimhdeas—ri connsachadh, agus co-stri—ri bréugan, agus tuailleas—ri misg, agus mì-stuaim—ri truaileachd, agus neo-ghloine—ri mionnaibh agus droch cainnt—ri briseadh Sàbaid, agus ri tàir air orduighibh Dhe, agus pillibh ris an Tighearna ag iarraidh le 'r n' uile chridhe gu 'n robh sibh air ur fireanachadh an ainm an Tighearn' Iosa, gu'n robh sibh air 'ur glanadh agus air 'ur naomhachadh le Spiorad 'ur De, 1 Cor. vi. 11. Ma ni sibhse mar so togaidh an Tighearna a làmh dhìbh. Cha lean e air 'ur smaohdachadh an deigh crìoch an smachdachaidh a bhi air a thabhairt mu 'n cuairt. Cha ghleidh am fear glanaidh an t-airgied anns an teine an deigh dha bhi air a ghlanadh, agus fàs loinnreach, air dhoigh 's gu 'm faic e lomhaigh féin ann, Mal. iii. 3. Tha Dia a gairm oirbh na nithean so a dheanamh aig an am,—e féin aideachadh anns gach cuis mar ur Dia—ur peacaidhean aideachadh agus a threigsinn,—piltinn ris féin air slighe a chreidimh, agus na naomhachd, agus ma “dh' eisdeas sibh ris an t-shlait, agus ris san a dh' orduich i,” (Micah vi. 9,) bithidh agaibh a nis féin gach ni a tha chum ur maith aimsireil, no spioradail—Oir “tha aig an diadhachd gealladh na beatha a tha làthair agus a chum teachd,” 1 Tim. iv. 8. Agus, “Cha bhi ni maith air bith a dhìth orra san a dh' iarras an Tighearna,” Salm xxiv. 10; Mata vi. 33; Rom. viii. 28. Bithidh cuibhrionn chinnteach agaibh san t-shaoghal so, (Isa. xxxiii. 15, 16,) agus bithidh ur comhnuidh gu siorruidh air sliabh naomha Dhe far am bheil lànachd aoibhneis do ghnàth, Salm xvi. 11.

Beachdaichibh air na nithibh so mata. Coimhidibh air na beannachdaibh so a tha Dia a tairgsinn dhuibh gu saor, agus ma bhitheas a ghort a thainig air ur tìr na meadhon gu ur dusgadh a suas gu greim a dheanamh orra, nach ion-dhuibh a bhi moladh Dhe air a son? Abraibh gu'n robh a ghort ri leantuinn—gu'n robh sibh eadhoin ri dol bàs leis an ocra—ni nach fhaic mi cunnart air bith dhe—ma tha sibh



da rìreadh a gluasad air slighe na naomhachd is ro ghoirid an ùine agus an di-chuimhnic 'sibh gach triobluid, anns an àite sin far nach bi ocras no tart orra ni 's mò—far am beathaich an t-Uan, a tha 'm meadhon na rìgh-chaitheach iad, agus far an tiormaich Dia gach déur o 'n sùilibh, Taisb. vii. 17. Seadh bithidh sibh maitte ri Pòl a deanamh gairdeachas ann ur triobluidibh gu léir, agus a beannachadh na laimh a smachdaich sibh. Bithibhsa mata naomh, ann ur n' uile chaithe-heatha, agus cha bhì an déuchainn so a chum call ach a chum buannachd dhuibh.

Se so an ni is cudthromaiche is urrainnear a sparradh oirbh aig an am, agus gu 'n deònaicheadh Dia gu 'n tugadh sibh aire dha. Is ann airson ur *naomhachaidh* a tha e mar so a buntainn riubh. Féumaidh sibh mata a bhì cleachduinn gach meadhoin ann ur comas gu naomhachd a choillionadh—a bhì 'g urnuigh, a bhì leughadh, a bhì 'g eisdeachd an f bocail; ach feuch nach stad sibh aca so. Cha n' fhoghain iad. Feumaidh sibh dealachadh ri 'r peacuidhibh, agus ri 'r droch chleachduidhibh gu buileach agus gu h-iomlan—feumaidh sibh tionndadh ri Dia le 'r n' uile chridhe agus le 'r n' uile neart. Ma ni sibh so ged nach toir na machraichean uatha lòn—ged ghearrar an tréud as o'n mhainnir, agus ged nach bi spréidh air bith anns na buaitibh, gidheadh feudaidh sibh gairdeachas a dheanamh auns an Tighearna, agus aoibhneas a dheanamh ann an Dia ur slainte, Habac. iii. 17, 18. Feudaidh sibh gairdeachas a dheanamh a ghnàth.

(3.) Ceadaidhibh dhomh fo 'n cheann so a chombarrachadh a mach dhuibh gu 'm bu chòir dhuibh a bhì taingeil do Dhia airson na 'n sochairean, agus na 'm beannachdan a dh' fhàg e agaibh. Agus tha iad so lionmhor. Ged a dh' fhalbh earrann mhor de 'r lòn tha mòran air fhàgail agaibh. Tha coirce, agus eòrna air cinntinn mar a b' àbhaist.—Tha toradh na mara ro phailt.—Tha ur spréidh agaibh, agus pris mhor ri fhaghainn orra seach mar a bha iomad uair a chunnaic sibh—a rithis, (agus so beannachd mòr,) tha am pailteas lòn air feadh na rìoghachd, ged a tha e ni 's daoire no b' àbhaist dha. Tha moran farraid air cosnadh san taobh-deas, agus duais mhaith ga thoirt seachad air a shon.—Tha 'n t-shlainte agus an neart agaibh gu sibh fein a chomhachadh; agus ni eile a tha na bheannachd mòr dhuibh, tha Uachdaran fearainn agaibh a tha cneasda, iochdmhor, a tha dar-rìreadh déigheil air maithe a dheanamh dhuibh, agus a tha, aig a cheart am ga chur fein gu moran saothair, agus cosdais airson lòn agus cosnaidh fhaotainn duibh.

A rìs, tha agaibh sochairean spioradail a tha ro phriseil. Tha soisgeul na slàinte air a shearmonachadh dhuibh gun airgid, agus gun luach. Tha focal Dhe an tighibh gach aoin agaibh. Tha cathair na 'n gràs fogsailte dhuibh. Tha gealladh spioraid na naomhachd, agus na comhfhurtachd agaibh. Tha dòchas na glòire fa 'r combair.

A nis smuainichibh cia liutha cearna de 'n t-shaoghal anns am bheil, cha ne gainne lòn, ach an dubh-ghort—far nach eil e 'n comas do 'n duine bhoichd aon ghreim fhaotuin dha fein, no d'a theaghlach, agus far am bheil iad, (cuis na truaighe gu leir,) gun Dia gun dòchas—gun aon ghathe de sholus neamhaidh gu'n soillearachadh—gun aon dìdein spioradail sa 'm faigh iad fagadh, no fois. Smuainichibh a rìs mar a bha a Ghaeltachd féiu ri cuimhn' iomad aoin agaibh—lòn mòran ni bu ghainne agus a dbà phris sa tha e an diugh. Mar a bha i ri linn ur seanairibh, no theagamh ur n' aithrichibh—creachadh, losgadh, agus mort a dol air an aghaidh innte—no mar a tha iomad cearna dhi air a bhliadhna so, mòran ni's bochduinne no tha sibhse, agus gun an t-uachdaran a dol na'n còir—gun duin' air bith a deanamh còmhnaidh leo.

Smuainichibh air na nithibh so, agus bithibh 'da rìreadh taingeil do Dhia air an son. Tha mi dearbhta gum bheil daoine gu minic a tilgeadh air falbh an sochairean aimsireil agus spioradail le mi-thaingeachd air an son, agus le droch bhuil a dheanamh dhiu.—Tha Pòl ag ainmeachadh mar aon de na réusain airson an do thréig Dia na cinnich nach robh iad *taingeil*, Rom. i. 21; agus tha mi-thaingeachd fuathach le daoine—ro fhuathach le Dia. “Bithibh mata taingeil,” Colos. iii. 1. “A toir buidheachais a ghnàth airson nan uile nithe do Dhia ann an ainm ar Tighearna Iosa Crìosd,” Ephes. v. 20.

II. A thaobh ur dleasnais do cheile aig an am cha 'n ainmich mi ach dithis, eadhoin *ceartas* agus *caomhneas*. Mu *cheartas*, no onoir tha e mar fhiachaibh oirbh aig gach am a thaobh Dhe, do'r taobh féin, agus a thaobh ur coimhearsnaich a nochdadh, agus a chleachdadh; ach tha mi ga chomharrachadh so amach dhuibh aig an am a chionn gum féud feadhain agaibh a bhi ann an cunnart so a dhi-chuimhneachadh, agus a bhi air ur buaireadh gu éucoir agus eas-onoir a dheanamh.

Na gabhaibh gu h-olc e gu 'm bheil mi ga 'r cur na 'n earalas mu 'n chùis so. Chi sibh duine a 'b àirde inbhe, agus bu mho gràs gu mòr mòr, no tha aguibhsa, no agamisa a guidhe an aghaidh a blhuairidh so, “na toir dhomh bochdainn, no beartas, beathaich mi le lòn a bhios iomchuidh air mo shon, air eagal gu 'm bi mi làn, agus gu'n àicheadh mi thu, agus gu'n abair mi co e an Tighearna? no gu 'm bi mi bochd, agus gu 'n goid mi; agus gu 'n toir mi ainm mo Dhe an diomhanas,” Gnath xxx. 8, 9.

Tha 'm buaireadh gu gaduidheachd ro làidir an uair a tha 'n t-ocras a tighinn a steach do 'd fhàrduich, agus am pailteas aig do choimhearsnach. Ach ciod air bi càs sam bi sibh cuimhnicibh, ghuidhinn oirbh, mar a tha suim agaibh do 'r cliu, agus do chor ur 'n anama prìseil ré sìdruidheachd, cuimhnicibh air an àit'na' a labhradh air beinn Shinaì. “Na dean gaduidheachd.” Cuimhnicibh air a bhagrath “Nach sealbhaich luchd deanamh na h-eucorach—no gaduichean—rioghachd Dhe,” 1 Cor. vi. 9, 10. Air an fhìrinn a tha 'g ràdh “Ciod an tairbh' a th'ann do dhuine ged a bhuanmaicheadh e 'n saoghal gu léir, agus anam féin a chall? no ciod a bheir duine ann an éiric anma?” Mata xvi. 26. An toir thu d' anam airson caoraidh as a bheinn? An reic thu do choir-bhreith—do choir air sonas, agus gloir airson greim bìdh? Is amaideach da-rìreadh a mhalairt so—cuimhnicibh air na nithibh so—cuimhnicibh air na gealluidhibh a tha 'g ràdh, “Feith air an Tighearna, glac misneach agus neartaichidh esan do chridhe,” Salm xxvii. 14. Agus, “Iadsan a dh'fheitheas air an Tighearn gheibh iad spionnadh nuadh,” Isa. xl. 31. Abair maille ri Iob, “Ged a mharbhas e mi cuiridh mi mo dhòchas ann,” Iob xiii. 15. Mar so gheibh thu gu cinnteach gu'n “tig an Tighearna ann an aire, agus nach airc 'n uair a thig.” Chi thu esan a chuir am fiteach o shean a bheathachadh an fhàidh, agus a tha ag ullachadh lòin airson èunlaith na 'n spéur gu léir, nach fàg e, 's nach trèig e thusa mar a fàg agus mar tréig thusa slighean aitheantaibh-san. Na bithibh mata, “As-creideach, ach creideach,” Eoin xx. 27.

Mu'n dara ni a dh'ainmich mi—*caomhneas*, agus iochd ri chéile—theagamh gu'n abair sibh gur a leòir do gach aon deanamh air a shon féin air a bhliadhna so; agus nach eil e mar fhiachaibh air còmhnaidh a dheanamh ri choimhearsnach. A nis tha so na bbeachd bitheanta; ach tha e ro mhearachdach, agus peacach. Tha Dia ag ràdhuinn riut, “Gràdh-aich do choimhearsnach mar thu fein.” An ar n amhàin an uair a tha do choimhearsnach a mealtuinn slàinte agus soirbheachaidh a tha thu ri so a dheanamh; agus am bheil thu ris an dorùs a dhùnadh air co luath sa tha bochduinn, agus deuchainn a tighinn na charamh? mar

is truime a thriobluid, agus is mò a bhochduinn is ann is mò a tha e dleasnach dhuit caomhneas, agus fialachd a nochdadh dha. Cuiribh sibh fèin an suidheachadh ur coimhearsnaich, agus faicibh ciàmar a thaineadh e ruibh cùl na laimhe a thionndadh ruibh an là na l.-èiginn? Na 'm bitheadh ur lòn air teireachduinn gu tur, 's gu 'n rachadh sibh a dh' iarraidh iasaid car tamuill air ur coimhearsnach, gu 'n diultadh e sibh, agus gu'n robh agaibh ri tilleadh ris an fhàrdach luim fhuaire far an robh caoiran bochd ur cloinne a bha 'g éigheach airson a bhìdh nach robh agaibh ri thoirt doibh, n' ur clusaibh gun stad, nach abradh sibh gu 'm bu chruaidh cridhe an duine aig an robh ri sheachnadh, agus nach tugadh dhuibh e? “Deanaibh ri daoine' eile mar a b' aill leibh daoine' eile a dheanamh ruibhsa.” Bithibh tròcaireach mar a tha ur n' athair air neamh tròcaireach,” Lucas vi. 36. Cuimhnichibh ciod a tha 'n t-abstol ag ràdh (1 Eoin iii. 17.) uime san a chì a bhràthair ann an uiresabhuidh agus a dhruideas a chridhe na aghaidh”—ciod a tha Séumas ag ràdhuinn (ii. 13.) gur e breitheanas gun tròcair a gheibh esan nach nochd tròcair—ciod a tha Crìosd ag ràdh mu là a bhreitheanais, Mata xxv. 25, &c. Agus, “Bithibh teò chridheach ri chéile le gràdh bràthaireil” “Giulainibh uallaich a chéile, agus mar so coimhlionaibh lagh Chrìosd,” Galat. vi. 2. Cuimhnichibh am beannachd a fhuair a bhanntrach bhochd airson a fialuidheachd, agus a h-ìochd ris an fhàidh, 1 Rìgh xvii. 10—17. Cuimhnichibh gu'n dubhairt an Tì aig am bheil gach beannachd na laimh. “Is beannaichte na daoine tròcaireach; oir gheibh iad tròcair;” Mata v. 7.

1H Fuilgibh dhomh a nis focal no dhà a ràdhuinn mu 'r dleasnais dhuibh fein.

(1.) Seachnaibh gach ana caitheadh air ur maoin, agus gach mi-bhuil de dh'aon teachdant' r a dh' fhéudas a bhì agaibh.

B' àbhaist do 'n chuid mhòr agaibh a bhì measarra a thaobh òil. Ach air a bhliadhna so cha ne mhàin gu 'm féum sibh a bhì measarra, ach gu 'm féum sibh gach uile chosdas a thaobh òil, agus a thaobh gach ni neo-fhéumail a sheachnadh gu buileach agus gu tur—an duine sin a theid a thilgeadh ni air falbh ann an òil, no ann an amaid-eachd eile an uair a tha theaghlach air ocras, agus fhàrdach falamh, lom, cha ruig e leas fiuthair a bhì aige ri tràs no cobhair bho dhaoine, ri tròcair, no còmhnaidh 'o Dhia.

A rithis bithibh ro chùramach mu 'n bhuil as fearr as urrainn duibh a thoirt a aon bhìadh a bhios agaibh. Tha na Gàedheil am bitheantas tuille is suarrach uime so. Caithteach agus mar a tha na Sasunnaich air lòn cha leig iad an treas cuid an domail, no 'n doluidh sa leigeas na Gàedheil. Chà'n eil ni air bith aca ga thilgeadh air falbh. Tha iad ceart, agus tha mi 'n dòchas gu 'n lean sibh an eisiomplair aig an am, agus na dhéigh so. Theagamh gu 'm bheil feadhain aguibh a shaoileas gu 'm bheil so na ni tuille is leibideach gu bhì labhairt uime. Ma thà, seallaibh ciod a tha 'n Tighearna Iosa Crìosd ag ràdh, Eoin vi. 12, 13. “Cruinnichibh am biadh briste a tha thuilleadh ann, a chum nach *caillear a bheag*.” Feuch an toir sibh aire dha so, agus nach meas sibh suarrach an nì mu'n tug an Tì uile-chumhachdach aithne. Feuch nach mi-bbuilich sibh a bheag, no mhòr de 'n ni a chruthaich Dia a chum air gleidheadh a suas.

(2.) Bithibh saothrachail dichìollach gu sibh féin agus 'ur teaghlach a thoirt roinne air a bhliadhna so; gu ùllachadh airson na h-ath-bhliadhna. Bithibh éusguidh, ullamh airson gach obair a thar-gear dhuibh—airson gach cosnadh air an urrainn duibh ruigheachd. Tha mi taingeil airson gu'm bheil cosnadh ga ullachadh airson mhòrain agaibh le 'r n' ùachdaran ann ur duthaich féin; ach ma bhios feadhain agaibh nach faigh so, rachaibh do 'n taobh deas; taobh air

bith far am bheil cosnadh agus lòn ri 'm faotainn. Leanaibh eisiomplair Abraham a dh'fhàg Cànaan 'n uair a bha gort ann, agus a chaidh do 'n tìr sa 'n robh am pailteas ri fhaotainn, Gen. xii. 10.

Tha fios agam gu 'm bheil feadhain ann, an uair a thig déuchainn de 'n t-shéorsa so ua 'n caramh a tha airson "am maidean a leigeadh le sruth" gu buileach—an làmh an phasgadh, agus an trom a leigeadh air daoin' eile gu h-iomlan. A nis tha gnàthachadh an so a tha ann fein neo-dhuineil—simlfdh—tàireil. Am feadh sa tha n' Tighearna a toirt neart au dà ghàirdein dhuibh, agus comas agaibh air sibh fein a chomhachadh, tha e bleideil, tàmailteach ur n' uallach a chur air duin' air bith eile.—Tha e amaideach do 'r taobh fein; oir, an déigh beannachd an Tighearna se cleachduinn a chosnadh—a chomhachaidh fhearail agus chruadalaich an aon seilbh is fear a tha aig an duine bhochd auns an t-shaoghal so : Am fear a bheireadh uaithe an spiorad glan, catharra fearail so, sa theagaisgadh-giùgairachd, bleidireachd, agus beul-bochd dha na àite, tha e toirt uaithe na seilbh i's luachmhoire a tha aige—tha e a toirt a sgéith na h-ite 's fearr a tha innte—tha e a gearradh sreang a bhogha, agus cha bhi e furasda a chur a rithis air ghléus. Tha 'n gnàthachadh so ann féin eùcorach, mi-onorach; agus tha e gu soilleir air a dhìtheadh ann am focal Dhé. "Thug sinn an àitbne so dhuibh, mar àill le neach obair a dheanamh gun e dh'itheadh bidh." "Le saothreachadh gu ciùin gu 'n ith iad an aran féin," 2 Tessel. iii. 10—13. Na bithibh "leasg ann an gnothachaibh," Rom. xii. 11. Faicibh mar an ceudna, Guath vi. 6; xiii. 4. "Tha fios agaibh gu'n dean làmh an dichiollaich beartas."

Tha 'n t-am agam a nis co-dhùnadh: agus ni mi sin le earalachadh oirbh, oiseann na 'n uile nithe, maithneas agus aithreachas iarraidh le dùrachd uaithean a dh' àrdaicheadh mar Cheannard, agus mar Shlànuighfhear airson na 'n ceart bheannachdan so a thoirt dhoibhsan a dh' iarras iad. Gniomh v. 31. "Irislichibh sibh fein fo làimh chumhachdaich Dhe." Tarruingibh dù dbàsan, agus iarraidh a bhi naomh ann an cridhe 's ann an caithe-beatha; agus an sin gheibh sibh an déuchainn so a toirt a mach toraidh sìochail na fireantachd; gheibh sibh aobhar a ràdhuinn gu 'm bu mhaith dhuibh a bhi air ùr smachdachadh. Bithidh sibh sona, co dhiu is beatha, no bàs duibh. A bharr air a so bithibh ceart agus onarach na 'r gnàthachadh—bithibh caoineal, cosdach d'a cheile. Bithibh stuama, cùramach a thaobh ur teachdantir. Bithibh dichiollach, oidhearpach gu sibh fein a ghleidheil a suas. Bithibh misneachail dòchasach a thaobh an Tì fhìrinnich agus uile-chumhachdaich a gheall nach fàs, agus nach tréig e aon neach a dh' earbas as. Agus chì sibh gu'n dean an Tighearna fuasgladh oirbh—"Chì sibh maithneas Dhé ann an tìr nam beo." Chì sibh gu 'm bi a ghainne so a thainig air a Ghàitachd aig an am a chum ur maith aimsireil, agus spioradail mar an ceudna: oir is fìrinneach an Tì a gheall gu'n comh-oibrich gach ni a chum maith na dream a tha gràdhachadh Dhe.

Slàn leibh, agus gu'n robh esan a bheir sìol do'n fhear chuir, agus aran chum bidh, a tabhairt agus a meudachadh ur curachd-sa, agus a toirt air toradh ur fireantachd fàs, (2 Cor. ix. 10,) gu'n robh e a toirt dhuibh gach beannachd aimsireil agus spioradail a tha chum ur maith—a deanamh a suas ur n' uireasbhuidhean uile as an làrachd a tha san Tighearna Iosa Crìosd, is e guidhe dùrachdach

'UR FIOR CHARAID.









